Scotland's CENSUS

29 APRIL 2001

count me in

**Leughaibh seo mus lìon sibh an ceisteachan.**

Chaidh a' bhileag seo eadar-theangachadh dhan a' chànan agaibh airson cuideachadh a thoirt dhuibh ri pàirt a ghabhail ann an Cunntas-Sluaigh 2001. Ach, se an ceisteachan Beurla a dh' fheumas sibh lìonadh agus tha a' bhileag seo airson cuideachadh a thoirt dhuibh gus seo a dhèanamh.
Tha na duilleagan a leanas ag innse dè na ceistean agus an stiùireadh a nochdas ann an Ceisteachan Cunntas-Sluaigh Teaghlaich na h-Alba airson 2001 suas gu, agus a' toirt a-steach, na ceistean a tha a' buntainn ris a'chiad phearsa san taigh agaibh. Nuair a tha sibh a' lìonadh a' cheisteachain feumaidh sibh ceistean a fhreagairt airson a h-uile duine san teaghlach ach seach gur e an aon cheistean a th'ann airson a h-uile duine, faodaidh sibh an stiùireadh air duilleagan 6 gu 8 a chleachdadh gus ur cuideachadh a' lìonadh nan ceistean airson a h-uile duine san taigh agaibh.
Ma bhios duilgheadas agaibh a' lìonadh Ceisteachan a' Chunntas-Sluaigh, faodaidh sibh fònadh **Àireamh-Cuideachaidh Cànain a' Chunntas-Sluaigh air 0845 366 2001** airson comhairle neo airson iarraidh air eadar-theangadair tadhal oirbh.

Se tomhas de mhuinntir na Rìoghachd Aonaichte air fad a th'anns a' Chunntas-Sluaigh agus bidh e a' tachairt a h-uile deich bliadhna. **Se Cunntas-Sluaigh air leth a bhios againn ann an 2001; a' chiad dhiubh anns a' mhìle-bliadhna ùir agus a' chiad fo Phàrlamaid na h-Alba.** Tha e riatanach gun tèid a h-uile duine a chunntadh.

**Puingean cudthromach ri chuimhneachadh: -**

- **Thèid toradh a' Chunntas-Sluaigh a chleachdadh gus leasachadh a phlanadh ann am beatha muinntir na h-Alba air fad agus muinntir bhur coimhearsnachd fhèin anns an àm ri teachd.** Tha eisimpleirean den t-seòrsa feum a thèid a dhèanamh de thoradh a' Chunntas-Sluaigh ri fhaotainn air an ath dhuilleig. Tha a h-uile ceist air a' cheisteachan ann airson deagh aobhar.

- Se Clàradair na h-Alba agus an Roinn aige a tha a' ruith a' Chunntas-Sluaigh. **Tha an Cunntas neo-phoiliticeach agus buileach fo-rùn – cha tèid fiosrachadh mur deidhinn fhèin gu pearsanta fhoillseachadh idir.**

- **Se bhur dleasdanas laghail ceisteachan a' Chunntas-Sluaigh a lìonadh agus a chur air ais** – a rèir laghan a fhuair aonta bho Phàrlamaid na h-Alba.

**Na tha agaibh ri dhèanamh: -**

- **Lìonaibh ceisteachan a' Chunntas-Sluaigh.** Bu chòir dha deich mionaidean a thoirt seachad airson gach duine san teaghlach. Cha bhi agaibh ach tioc a chur ris a'mhòr-chuid de na freagairtean.

- **Ma bhios feum agaibh air cuideachadh,** cuiribh fòn gu Àireamh-Cuideachaidh a' Chunntas-Sluaigh air 0845 602 2001 (airson ceistean *anns an fharsaingeachd*), neo gu Àireamh-Cuideachaidh nan Cànan air 0845 366 2001 (*mur e Beurla a'chiad chànan agaibh*) neo an Àireamh-Cuideachaidh do na Bodhair air 0845 303 2001. Bidh am fios-fòn agaibh aig prìs-fòn ionadail.

- **Cuiribh ceisteachan a' Chunntas-Sluaigh air ais sa' cheis ro-phàighte cho luath s as urrainn dhuibh as dèidh Di-Dòmhnaich, 29 A'Ghiblein.** Mura faigh sinn an ceisteachan agaibh ro 9 a' Chèitein, thig oirnn Fear-Cunntais a chur a-mach ga chruinneachadh.

**J N RANDALL**
**Clàradair na h-Alba**

# Ciamar a Thèid Toradh a' Chunntas-Sluaigh a Chleachdadh

Feumaidh an Riaghaltas agus gnìomhachas fiosrachadh bhon Chunntas-Sluaigh nuair a tha iad a' planadh airson an àm ri teachd. Tha am fiosrachadh ga chleachdadh airson goireasan coimhearsnachd a libhrigeadh far a bheil am feum as motha orra.

**Daoine**
Tha meud an t-sluaigh agus diofar aoisean nan daoine a' toirt buaidh air an t-suim-airgid a cheadaicheas an riaghaltas don chomhairle ionadail agus don ùghdarras slàinte agaibh. Thèid am fiosrachadh a chleachdadh cuideachd airson planadh a thaobh sgoiltean agus a thaobh sheirbhisean do sheann daoine.

**Taigheadas**
Tha ceistean mu dheidhinn an taigh agaibh a' cuideachadh chomhairlean, comainn taigheadais agus eile ann a bhith a' meas feuman taigheadais agus dè na sgìrean ionadail aig a bheil am feum as motha air taic-airgid ùr.

**Obair**
Ma bhios fios aig an riaghaltas agus eile air cia mheud neach-obrach a tha ag obairann an dreuchdan agus gnìomhachasan eadar-dhealaichte ann an sgìrean àraidh, faodaidh iad aithneachadh càite bheil sgilean a dhìth agus faodaidh iad trèanadh is obraichean a phlanadh airson an àm ri teachd. Tha sinn a' foighneachd càite bheil an obair agaibh gus am faigh sinn air tomhas sligheachan-siubhail a dh'obair agus àireamhan luchd-siubhail. Cha chuir sinn fios air an luchd-fasdaidh agaibh idir.

**Cinneadh agus Creideamh**
Chaidh ceist air cinneadh a chur a-steach sa' Chunntas-Sluaigh, airson a'chiad uair, ann an 1991. Tha e gar cuideachadh ann a bhith a' nochdadh mi-chothromachd cinnidh agus ann a bhith a' dèiligeadh ris. Tha na ceistean ùra saor-thoileach air creideamh ann airson an aon aobhar.

**Slàinte agus Cùram**
Ma tha fios aig an ùghdarras slàinte agaibh air suidheachadh slàinte daoine faodaidh iad na seirbhisean freagarrach a phlanadh. Bidh sinn a' faighneachd mu dheidhinn slàinte san fharsaingeachd gus an gabh Ùghdarrasan Slàinte beachd air feuman na sgìre aca a thaobh dotairean coimhearsnachd agus seirbhisean eile san àm ri teachd. Anns an aon dòigh faodaidh fiosrachadh air cùram neo-phàighte innis dè am feum a th'ann air seirbhisean sòisealta.

**Dòighean-siubhail**
Bithidh fiosrachadh air an dòigh a bhios sibh a' siubhal don obair agus air cia mheud duine aig a bheil càr, a'cuideachadh an riaghaltais agus eile ann a bhith ag aithneachadh phàtranan siubhail san àm ri teachd agus ann a bhith a' leasachadh sgeamaichean gus còmhdhail phoblach a chur am feabhas agus dùmhlachd còmhdhail a lùghdachadh.

Thèid toradh a' Chunntas-Sluaigh fhoillseachadh mar phàirt den Staitisteireachd Nàiseanta agus tha seo a' dearbhadh gun deach a chruinneachadh agus a chur ri chèile gu fìor chothromach agus diamhair.

# Scotland's CENSUS

29 APRIL 2001

count me in

Ri lìonadh le Fear-Cunntais a' Chunntas-Sluaigh

## Foirm Teaghlaich H4

Ainm

CD

Seòladh

ED

Àireamh Ceisteachan

Còd-Puist

* Ceisteachan **1** de

*Taighean le barrachd air aon cheisteachan

## Do Cheann/Chinn-Taighe

**A Chinn-Taighe Chòir**

Se tomhas den a h-uile duine is de gach teaghlach san dùthaich a th'anns a' Chunntas-Sluaigh agus bidh e a' tachairt a h-uile deich bliadhna. Seo a' chiad Chunntas-Sluaigh airson Pàrlamaid na h-Alba agus thèid e a chleachdadh gus cùisean eaconomach is sòisealta na h-Alba a leasachadh. Bidh riaghaltas nàiseanta agus ionadail, ùghdarrasan slàinte agus iomadh buidheann eile a' cleachdadh fiosrachadh a' Chunntas-Sluaigh gus taic-airgid a roinneadh agus gus seirbhisean a phlanadh airson a h-uile duine.

**An Dleasdanas Laghail**

Feumaidh sibh ceisteachan a' Chunntas-Sluaigh a lìonadh, agus thug Pàrlamaid na h-Alba aonta ris na ceistean a thèid foighneachd. Ma dhiùltas sibh an ceisteachan a lìonadh, neo ma dh'innseas sibh breug, dh'fhaodadh gun tèid càin a chur oirbh. Cha leig sibh a leas ceistean 13 agus 14 mu dheidhinn creideamh a fhreagairt mura eil sibh ag iarraidh sin a dhèanamh.

**Diamhaireachd**

Tha am fiosrachadh a bheir sibh seachad fo dhìon laghail agus air a làimhseachadh gu diamhair. Cha tèid am fiosrachadh a chleachdadh ach airson aobharan staitisteacach. Bithidh duine sam bith a chleachdas am fiosrachadh ann an dòigh mì-fhreagarrach buailteach a thoirt air beulaibh cùirt. Thèid am fiosrachadh a bheir sibh seachad a chumail diamhair airson ceud bliadhna.

**Mòran taing dhuibh airson pairt a gabhail ann.**

J N Randall

J N Randall
**CLÀRADAIR NA H-ALBA**
**Dùn-Eideann**

**Na rudan a dh'fheumas sibh a dhèanamh**

- ♦ Bu choir don teaghlach agaibh an ceisteachan seo a lìonadh le **ionc dubh neo gorm**.
  Tha teaghlach a'ciallachadh:
  - Neach a' fuireach na aonar, neo
  - Grunnan daoine (chan fheum iad a bhith càirdeach ri chèile) a tha a' fuireach aig an aon seòladh is aon bhanas-taighe aca – le co-dhiù aon seòmar-còmhnaidh neo seòmar-suidhe eatorra neo a' gabhail, co dhiù, aon bhiadh san latha còmhla.

  Bu chòir do theaghlach sam bith eile aig an t-seòladh agaibh an ceisteachan fhèin a lìonadh.
- ♦ Air Clàr 1 air an darna duilleig, sgrìobhaibh liosta de mhuinntir an teaghlaich a' fuireach aig an t-seòladh agaibh air oidhche 29/30 A'Ghiblein 2001. Dh'fhaodadh sibh Clàr 2 a chleachdadh airson aoighean.
- ♦ Freagraibh na ceistean air an àite-fuirich agaibh air duilleig 3.
- ♦ Lìonaibh an earrann mu chàirdeas air duilleagan 4 agus 5.
- ♦ Dèanaibh cinnteach gun tèid Earrann Phearsanta (trì duilleagan) a lìonadh airson a h-uile duine air an liosta air Clàr 1.
- ♦ An uair a chuireas sibh crìoch air, cuiribh bhur n-ainm ris an Dearbhadh aig cois na duilleige seo.
- ♦ Cuiribh an ceisteachan air ais (le foirmichean sam bith eile airson an teaghlach) anns a'cheis ro-phàighte cho luath s as urrainn dhuibh as dèidh 29 A'Ghiblein 2001.

**Àireamh-Cuideachaidh a' Chunntas-Sluaigh**

Airson tuilleadh cheisteachanan neo cuideachadh le freagairt nan ceistean:

- Fòn — 0845 602 2001 (aig prìs ionadail)
- Fòn-teics do na Bodhair — 0845 303 2001 (aig prìs ionadail)
- Làrach-lìn — www.gro-scotland.gov.uk

**Dearbhadh**

Tha na freagairtean anns a' cheisteachan seo ceart cho fada s as aithne dhomh (dhuinn).

**Ainm(ean)-sgrìobhte**

**Ceann-latha**

## Clàr 1 Muinntir an Teaghlaich

- A' cleachdadh **pinn dubh neo gorm**, dèanaibh liosta de mhuinntir an teaghlaich air fad as àbhaist fuireach aig an t-seòladh seo, agus cuiribh bhur n-ainm fhèin ann cuideachd.
  - Tòisichibh le ceann (cinn) an taighe.
  - Dèanaibh iomradh air neach sam bith a tha air falbh bhon dachaidh airson an oidhche 29/30 A' Ghiblein 2001 as àbhaist fuireach aig an t-seòladh seo.
  - Dèanaibh iomradh air leanabh sam bith a rugadh ro 30 A'Ghiblein 2001, fiùs ma tha e/i fhathast san ospadal.
  - Dèanaibh iomradh air sgoilearan agus oileanaich ma bhios iad a' fuireach aig an t-seòladh seo tro theirm na sgoile, colaisde neo oilthigh.
  - Cuideachd, dèanaibh iomradh air sgoilearan agus oileanaich a bhios air falbh bhon dachaigh tro theirm na sgoile, colaisde neo oilthigh **mas e seo an seòladh àbhaisteach aca rè nan làithean-saora**. (Cha leig sibh a leas ach beagan fiosrachaidh a chur anns an Earrainn Phearsanta.)
  - Dèanaibh iomradh air cèile neo bràmar a bhios ag obair air falbh bhon taigh pàirt-ùine neo a tha anns na seirbhisean armailteach **mas e seo dachaidh an teaghlaich**.
  - Dèanaibh iomradh air daoine eile aig a bheil barrachd air aon seòladh **mas e seo an dachaidh aca airson a' mhòr-chuid den ùine**.
  - Dèanaibh iomradh air duine sam bith a tha a' fuireach còmhla ruibh **mura eil dachaidh àbhaisteach eile aca**.
- Gheibh duine nach eil airson fiosrachadh fhoillseachadh do chàch san taigh *Ceisteachan Aon Neach* le cèis. Fàgaibh na trì duilleagan san Earrainn Phearsanta **bàn** air a' cheisteachan seo (no air Ceisteachan-Leantainn sam bith) do neach sam bith a lìonas *Ceisteachan Aon Neach* agus cuiribh tioc ✓ anns a' bhocsa airson an neach anns a' cholbh airson 'Ceisteachan Aon Neach'.

| Àireamh Pearsa | Ainm agus sloinneadh ball an teaghlaich | Ceisteachan Aon Neach |
|---|---|---|
| Pearsa 1 | | ☐ |
| Pearsa 2 | | ☐ |
| Pearsa 3 | | ☐ |
| Pearsa 4 | | ☐ |
| Pearsa 5 | | ☐ |
| ♦ Feumaidh sibh aon *Cheisteachan-Leantainn* neo barrachd ma tha còrr is còig daoine san teaghlach | | |
| Pearsa 6 | | ☐ |
| Pearsa 7 | | ☐ |
| Pearsa 8 | | ☐ |
| Pearsa 9 | | ☐ |
| Pearsa 10 | | ☐ |

## Clàr 2 Aoighean

- Gus ur cuideachadh, faodaidh sibh an Clàr gu h-ìosal a chleachdadh airson liosta a dhèanamh de aoighean sam bith a tha aig an t-seòladh seo air oidhche 29/30 A' Ghiblein, as àbhaist a bhith a' fuireach ann an àite eile.
- Feumaidh aoighean à àiteachan eile san RA a bhith air iomradh anns a' Chunntas-Sluaigh airson an t-seòladh àbhaisteach aca.
- Mura eil ach aoighean **a-mhàin** san taigh, lìonaibh **H1** gu **H5** air Duilleag 3. As dèidh sin, cuiribh bhur n-ainm-sgrìobhte ris an dearbhadh air a' chiad duilleig. Chan fheum sibh tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad.

| Ainm agus sloinneadh aoigh | Seòladh àbhaisteach |
|---|---|
| | |
| | |
| | |
| | |

- Freagraibh na ceistean air àite-còmhnaidh air Duilleag 3 mu choinneamh na duilleige seo.

# Ciamar a Lìonas sibh na Ceistean a th'air Fhàgail

***Cleachdaibh pinn dubh neo gorm.***

*Cuiribh tioc sa' bhocsa fhreagarrach, mar seo* ☑
*Ma chuireas sibh tioc sa' bhocsa cheàrr, lìonaibh am bocsa agus cuiribh tioc sa' bhocsa cheart, mar seo* ■ ☑

*IMa chuireas sibh tioc ann am bocsa le stiùireadh mar* ► *Theirigibh gu* **H11**, *feumaidh sibh a dhol chun na ceist sin.*
*Far am feum sibh freagairt a sgrìobhadh, cleachdaibh LITRICHEAN MÒRA agus fàgaibh aon bheàrn eadar gach facal.*
*Theirig gu loidhne ùr mur eil e fada gu leòr airson an fhacal.*
*Seallaibh air an eisimpleir air an làimh dheis.*

**12 Dè an dùthaich san do rugadh sibh?**

☑ *Ann an àiteachan eile* sgrìobhaibh ainm na dùthcha an-diugh.

| | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| S | O | U | T | H | | | | | |
| A | F | R | I | C | A | | | | |

# Àite-Fuirich an Teaghlaich

**H1 Dè seòrsa àite-fuirich a th'aig an teaghlach agaibh?**

**Taigh gu lèir neo bungalo a tha:**

☐ Dealaichte
☐ Leth-dhealaichte
☐ Ann am barraid (a' gabhail a-steach ceann-barraid)

**Flat, maisonette neo aitreabh a tha:**

☐ Ann an togalach a thogadh a dh'aon ghnothaich airson aitreabhan den t-seòrsa
☐ Pàirt de thaigh a chaidh atharrachadh neo a roinneadh (a' gabhail a-steach aitreabhan aona ruma)
☐ Ann an togalach marsantach (mar eisimpleir togalach oifis neo ann an taigh – òsda neo os cionn bùtha)

**Structar a tha neo-mhaireannach neo a ghabhas gluasad:**

☐ Carabhan neo structar neo-mhaireannach

**H2 An ann dhan an teaghlach agaibhse a-mhàin a tha a h-uile pàirt den taigh?**

♦ **Tha seo a'ciallachadh gu bheil a h-uile seòmar san taigh, fiùs cidsin, seòmar-ionnlaid agus taigh-beag air cùlaibh dorais a chleachdas an teaghlach agaibhse a-mhàin.**

☐ Tha. Tha a h-uile seòmar air cùlaibh dorais a chleachdas an teaghlach againne a-mhàin
☐ Chan eil

**H3 Cia mheud seòmar a th'agaibh a chleachdas an teaghlach agaibhse a-mhàin?**

♦ Na dèanaibh iomradh air seòmraichean-ionnlaid, taighean-beaga, tallachan neo bacan staidhre, neo seòmraichean a tha gan cleachdadh dìreach airson stòr, mar eisimpleir preasan.

♦ Dèanaibh iomradh air a h-uile seòmar eile, mar eisimpleir, cidsinean, seòmraichean-suidhe, seòmraichean-cadail, sculairaidhean agus studaidhean.

♦ Ma tha dà sheòmar air a chur ri chèile, dèanaibh iomradh orra mar aon.

Àireamh sheòmraichean ☐☐

**H4 A bheil amas/fras *agus* taigh-beag a chleachdas an teaghlach agaibhse a-mhàin?**

☐ Tha
☐ Chan eil

**H5 Dè an t-ùrlar as ìsle ann an àite-fuirich an teaghlaich agaibh?**

☐ Fon-ùrlar neo pàirt fon-ùrlar
☐ An t-ùrlar aig ìre na sràide
☐ A' chiad làr (an làr os cionn ìre na sràide)
☐ An darna làr
☐ An treas neo an ceathramh làr
☐ An còigeamh làr neo nas àirde

**H6 A bheil teasachadh-meadhanach anns an àite-fuirich agaibh?**

♦ **Ma tha teasachadh-meadhanach agaibh, sgrìobhaibh ✓ 'Tha', ge bith a bheil sibh ga chleachdadh neo nach eil.**

♦ **Tha teasachadh-meadhanach a' ciallachadh:**

- **gas, ola neo teasachadh connaidh chruaidh**
- **Inneal-teasachaidh stòr oidhche**
- **teasachadh adhair-bhlàtha**
- **teasachadh fon ùrlar**

☐ Tha – ann an cuid de sheòmraichean neo anns an taigh air fad
☐ Chan eil

**H7 Cia mheud càr neo bhana a tha an seilbh aon duine neo còrr san teaghlach agaibh (neo a dh'fhaodas sibh cleachdadh)?**

♦ **Dèanaibh iomradh air càr neo bhana companaidh a tha ri fhaotainn taobh a-muigh na h-obrach.**

☐ Chan eil gin
☐ Aon
☐ Dhà
☐ Trì
☐ Ceithir neo barrachd, *sgrìobhaibh cia mheud* ☐☐

**H8 A bheil an taigh agaibh an seilbh an teaghlaich neo a bheil e air mhàl?**

♦ *✓ aon bhocsa a-mhàin.*

☐ Gu buileach an seilbh an teaghlaich
► Theirigibh gu **H11**

☐ An seilbh le morgaidse neo iasad
► Theirigibh gu **H11**

☐ A' pàigheadh pàirt màil agus pàirt morgaidse (sealbh co-roinnte)
► Theirigibh gu **H11**

☐ Màl
► Theirigibh gu **H9**

☐ A' fuireach an seo an-asgaidh
► Theirigibh gu **H9**

**H9 Cò an t-uachdaran agaibh?**

☐ Ùghdarras Ionadail, Taighean na h-Alba
☐ Comann Taigheadais, Co-Chomann Taigheadais, Urras Carthannais, Companaidh Taigheadais Neo-phrothaid
☐ Uachdaran Prìobhaideach neo Companaidh-Màil
☐ Neach-fasdaidh de chuideigin san teaghlach
☐ Caraid neo cuideigin a tha càirdeach ri duine san teaghleach
☐ Eile

**H10 A bheil an t-àite-fuirich agaibh ga thoirt air mhàl le àirneis neo as aonais?**

☐ Le àirneis
☐ Gun àirneis

**H11 Tionndaibh an duilleag.**

# Muinntir an Teaghlaich agus an Càirdeas Eatorra

- **Tha an t-eisimpleir a leanas a' sealltainn ciamar a dh'innseas sibh an càirdeas a th'ann eadar muinntir teaghlaich Iain Mac a' Ghobhainn, a bhean (Màiri) agus an triùir chloinne (Alison, Steaphain agus Seumas).**
- **Anns an eisimpleir seo se Pearsa 4 (Steaphain) mac Pearsa 1, mac Pearsa 2 agus bràthair Pearsa 3.**

**Ainm Pearsa 1**

A'chiad ainm: IAIN MAC
Sloinneadh: A' GHOBHAINN

CUIRIBH AINM PEARSA 1 GU H-ARD

**Ainm Pearsa 2**

A'chiad ainm: MÀIRI NIC
Sloinneadh: A' GHOBHAINN

**Càirdeas eadar Pearsa 2 is Pearsa →**

| | 1 |
|---|---|
| Duine/bean phòsda | ☑ |
| Bràmar | ☐ |
| Mac/nighean | ☐ |
| Dalta | ☐ |
| Bràthair/piuthar | ☐ |

**Ainm Pearsa 3**

A'chiad ainm: ALISON NIC
Sloinneadh: A' GHOBHAINN

**Càirdeas eadar Pearsa 3 is Pearsa →**

| | 1 | 2 |
|---|---|---|
| Duine/bean phòsda | ☐ | ☐ |
| Bràmar | ☐ | ☐ |
| Mac/nighean | ☑ | ☑ |
| Dalta | ☐ | ☐ |
| Bràthair/piuthar | ☐ | ☐ |

- **Cleachdaibh an t-aon òrdugh is àireamh Pearsa a bh'agaibh air Clàr 1 (duilleag 2), a' tòiseachadh le Pearsa 1.**
- **Cuiribh sìos ann an litrichean mòra ainm gach duine san teaghlach aig ceann gach colbh.**
- **Dèanaibh tioc ✓ ann am bocsa a sheallas an càirdeas eadar gach Pearsa san teaghlach agaibh.**
- **Innsibh an càirdeas eadar a h-uile duine san teaghlach ge bith a bheil iad a' cleachdadh *Ceisteachan Aon Neach* air aobhar prìobhaideachd neo nach eil.**

**Ainm Pearsa 1**

A'chiad ainm
Sloinneadh

CUIRIBH AINM PEARSA 1 GU H-ARD

**Ainm Pearsa 2**

A'chiad ainm
Sloinneadh

**Càirdeas eadar Pearsa 2 is Pearsa →**

| | 1 |
|---|---|
| Duine/bean phòsda | ☐ |
| Bràmar | ☐ |
| Mac/nighean | ☐ |
| Dalta | ☐ |
| Bràthair/piuthar | ☐ |
| Màthair/athair | ☐ |
| Muime/oide | ☐ |
| Ogha | ☐ |
| Seanair/seanmhair | ☐ |
| Càirdeas eile | ☐ |
| Chan eil idir | ☐ |

**Ainm Pearsa 3**

A'chiad ainm
Sloinneadh

**Càirdeas eadar Pearsa 3 is Pearsa →**

| | 1 | 2 |
|---|---|---|
| Duine/bean phòsda | ☐ | ☐ |
| Bràmar | ☐ | ☐ |
| Mac/nighean | ☐ | ☐ |
| Dalta | ☐ | ☐ |
| Bràthair/piuthar | ☐ | ☐ |
| Màthair/athair | ☐ | ☐ |
| Muime/oide | ☐ | ☐ |
| Ogha | ☐ | ☐ |
| Seanair/seanmhair | ☐ | ☐ |
| Càirdeas eile | ☐ | ☐ |
| Chan eil idir | ☐ | ☐ |

**Ainm Pearsa 4**

| | |
|---|---|
| A'chiad ainm | STEAPHAIN MAC |
| Sloinneadh | A' GHOBHAINN |

| Càirdeas eadar Pearsa 4 is Pearsa → | 1 | 2 | 3 |
|---|---|---|---|
| Duine/bean phòsda | ☐ | ☐ | ☐ |
| Bràmar | ☐ | ☐ | ☐ |
| Mac/nighean | ☑ | ☑ | ☐ |
| Dalta | ☐ | ☐ | ☐ |
| Bràthair/piuthar | ☐ | ☐ | ☑ |

**Ainm Pearsa 5**

| | |
|---|---|
| A'chiad ainm | SEUMAS MAC |
| Sloinneadh | A' GHOBHAINN |

| Càirdeas eadar Pearsa 5 is Pearsa → | 1 | 2 | 3 | 4 |
|---|---|---|---|---|
| Duine/bean phòsda | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Bràmar | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Mac/nighean | ☑ | ☑ | ☐ | ☐ |
| Dalta | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Bràthair/piuthar | ☐ | ☐ | ☑ | ☑ |

## Ainm Pearsa 4

| |
|---|
| A'chiad ainm |
| Sloinneadh |

| Càirdeas eadar Pearsa 4 is Pearsa → | 1 | 2 | 3 |
|---|---|---|---|
| Duine/bean phòsda | ☐ | ☐ | ☐ |
| Bràmar | ☐ | ☐ | ☐ |
| Mac/nighean | ☐ | ☐ | ☐ |
| Dalta | ☐ | ☐ | ☐ |
| Bràthair/piuthar | ☐ | ☐ | ☐ |
| Màthair/athair | ☐ | ☐ | ☐ |
| Muime/oide | ☐ | ☐ | ☐ |
| Ogha | ☐ | ☐ | ☐ |
| Seanair/seanmhair | ☐ | ☐ | ☐ |
| Càirdeas eile | ☐ | ☐ | ☐ |
| Chan eil idir | ☐ | ☐ | ☐ |

## Ainm Pearsa 5

| |
|---|
| A'chiad ainm |
| Sloinneadh |

| Càirdeas eadar Pearsa 5 is Pearsa → | 1 | 2 | 3 | 4 |
|---|---|---|---|---|
| Duine/bean phòsda | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Bràmar | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Mac/nighean | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Dalta | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Bràthair/piuthar | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Màthair/athair | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Muime/oide | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Ogha | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Seanair/seanmhair | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Càirdeas eile | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |
| Chan eil idir | ☐ | ☐ | ☐ | ☐ |

- **Air na duilleagan a leanas feumaidh sibh Earrann Phearsanta trì duilleagan a lìonadh airson a h-uile duine san teaghlach agaibh a' cleachdadh an aon òrdugh agus an aon àireamh Phearsa a bh'agaibh air Clàr 1 (Duilleag 2).**
- **Nuair a tha duine san teaghlach a' lìonadh *Ceisteachan Aon Neach* air aobhar prìobhaideachd, fàgaibh *bàn* an earrann aige/aice anns an Earrainn Phearsanta air a' Cheisteachan seo (no air *Ceisteachan-Leantainn* sam bith).**

# Pearsa 1

♦ **Seallaibh air ceann duilleige 3 a dh' fhaicinn ciamar a sgrìobhas neo a dh'atharraicheas sibh freagairtean. Cleachdaibh pinn dubh neo gorm.**

**1 Dè an t-ainm a th'oirbh? (Pearsa 1 ann an Clàr 1)**

Ciad ainm agus sloinneadh

**2 A bheil sibh fireann neo boireann?**

☐ Fireann ☐ Boireann

**3 Cuin a rugadh sibh?**

Latha Mìos Bliadhna

**4 Dè an suidheachadh pòsaidh s a bheil sibh (air 29 A' Ghiblein 2001)?**

☐ Singilte (gun phòsadh a-riamh)
☐ Pòsda (a'chiad phòsadh)
☐ Ath-phòsda
☐ Dealaichte (ach fhathast pòsda)
☐ Pòsadh briste
☐ Banntrach

**5 An e sgoilear neo oileanach an-sàs an am foghlam làn-thìde a th'annaibh?**

☐ Se ► Theirigibh gu **6**
☐ Chan e ► Theirigibh gu **7**

**6 Am bi sibh a' fuireach aig an t-seòladh air beulaibh a' cheisteachain seo rè teirm na sgoile/colaisde/oilthigh?**

♦ Freagraibh seo ma thuirt sibh 'Se' ri Ceist 5.

☐ Bidh mi a' fuireach aig an t-seòladh air beulaibh a' cheisteachain seo rè teirm na sgoile/colaisde/oilthigh
► Theirigibh gu **7**

☐ Cha bhi, bidh mi a' fuireach ann an àite eile rè teirm na sgoile/colaisde/oilthigh
► Theirigibh gu **35**

**7 Thar na bliadhna a chaidh, an canadh sibh gun robh bhur slàinte, airson a' mhòr- chuid:**

☐ Math? ☐ Meadhonach math?
☐ Bochd?

**8 A bheil sibh air a bhith a' fulang ùine mhòr bho thinneas, briseadh slàinte neo ciurramachd a tha a' cur bacaidh oirbh bho latha gu latha neo anns an obair agaibh?**

♦ Gabhaibh a-steach duilgheadasan slàinte a tha a' tighinn le seann aois cuideachd.

☐ Tha ☐ Chan eil

**9 Dè an seòladh àbhaisteach a bha agaibh bliadhna air ais?**

♦ Nan robh sibh nur sgoilear a' fuireach aig an sgoil neo nur n-oileanach bliadhna air ais, cuiribh sìos an seòladh far an robh sibh a' fuireach rè teirm na sgoile/colaisde/oilthigh.

♦ Airson leanabh a rugadh an dèidh 29 A'Ghiblein 2001, cuiribh tioc ✓ air 'Gun seòladh àbhaisteach bliadhna air ais.'

☐ An seòladh air beulaibh a' cheisteachain seo
☐ Gun seòladh àbhaisteach bliadhna air ais
☐ Aite eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

Còd Puist

**10 Càite am bi sibh a' siubhal gu bhur prìomh àite-obrach neo cùrsa foghlaim (a'gabhail a-steach sgoil)?**

♦ Innsibh an t-àite far a bheil sibh a' cur seachad an ùine as motha ag obair neo ag ionnsachadh.

♦ Ma bhios sibh a' dol gu depot, sgrìobhaibh seòladh an depot.

☐ Chan eil mi ag obair neo ann am foghlam an-dràsda ► Theirigibh gu **12**
☐ Ag obair neo ag ionnsachadh aig an taigh airson a'mhòr-chuid ► Theirigibh gu **12**
☐ Gun àite suidhichte
☐ Ag obair air crann-ola mara, *cleachdaibh an t-àite gu h-ìosal airson sgrìobhadh ainm an àite far am bi sibh a' dol airson an turas mara a dhèanamh, mar eisimpleir "OBAR DHEADHAINN"*
☐ An seòladh a leanas, *sgrìobhaibh an seo e*

Còd Puist

**11 Ciamar as àbhaist dhuibh siubhal gu bhur prìomh àite-obrach neo cùrsa foghlaim (a'gabhail a-steach sgoil)?**

♦ ✓ *aon bhocsa a-mhàin.*

♦ ✓ am bocsa airson *an astar as fhaide* den t-slighe àbhaisteach agaibh don obair neo don àite-ionnsachaidh.

☐ Fo-thalamh, tube, metro neo rathad-iarainn aotrom
☐ Trèana
☐ Bus, minibus neo coidse (poblach neo prìobhaideach)
☐ Tacsi neo minicab
☐ A' draibheadh càr neo bhan
☐ Fear-aiseig ann an càr neo bhan
☐ Motair-rothair, scutair neo moped
☐ Rothair
☐ Air chois
☐ Dòigh eile

**Tionndaidhibh an duilleag**

# Pearsa 1 – *ri leantainn*

**12 Dè an dùthaich san do rugadh sibh?**

- ☐ Alba
- ☐ Sasainn
- ☐ A' Chuimrigh
- ☐ Eirinn-a-Tuath
- ☐ Ceann-a-Deas na h-Èireann
- ☐ Dùthaich eile, *sgrìobhaibh ainm na dùthcha an-diugh*

**13 Dè an creideamh, eaglais neo buidheann creidimh a bhios sibh a' leantainn?**

- ☐ Cha bhi gin
- ☐ Eaglais na h-Alba
- ☐ An Eaglais Chatlaigeach
- ☐ Eaglais Chriosdaidh eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*
- ☐ Budastach
- ☐ Hindeach ☐ Iùdhach
- ☐ Moslamach ☐ Sikh
- ☐ Creideamh eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**14 Dè an creideamh, eaglais neo buidheann creidimh san deach bhur togail?**

- ☐ Cha deach gin
- ☐ Eaglais na h-Alba
- ☐ An Eaglais Chatlaigeach
- ☐ Eaglais Chriosdaidh eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*
- ☐ Budastach
- ☐ Hindeach ☐ Iùdhach
- ☐ Moslamach ☐ Sikh
- ☐ Creideamh eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**15 Dè an cinneadh dom buin sibh?**

♦ Taghaibh aon bho A gu E, an sin cuiribh tioc ✓ sa' bhocsa fhreagarrach a shealltainn bun-stèidh a'chultair agaibh.

**A Geal**

- ☐ Albannach
- ☐ Breatannach eile
- ☐ Èireannach
- ☐ Bun-stèidh gheal eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**B Measgte**

- ☐ Bùn-stèidh mheasgte, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**C Aisianach, Aisianach Albannach neo Aisianach Breatannach**

- ☐ Innseanach
- ☐ Pacastànach
- ☐ Banglaideiseach
- ☐ Sìneach
- ☐ Aisianach eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**D Dubh, Albannach Dubh neo Breatannach Dubh**

- ☐ Caraibianach
- ☐ Aifreaganach
- ☐ Freumhan dubha eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**E Cinneadh eile**

- ☐ Freumhan sam bith eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**16 An urrainn dhuibh Gàidhlig Albannach a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh neo a sgrìobhadh?**

♦ ✓ *a h-uile bocsa freagarrach.*

- ☐ Tuigsinn Gàidhlig air a labhairt
- ☐ Bruidhinn Gàidhlig
- ☐ Leughadh Gàidhlig
- ☐ Sgrìobhadh Gàidhlig
- ☐ Chan urrainn

**17 Am bi sibh a' coimhead as dèidh neo a' toirt taic do chàirdean, caraidean, nàbaidhean neo duine sam bith eile air sgàth:**

- **gu bheil iad air a bhith tinn neo ciurramach sa' chorp neo san inntinn ùine mhòr**
- **duilgheadasan a' buntainn ri seann aois?**

♦ Na dèanaibh iomradh air càil a tha sibh a' dèanamh mar phàirt den chosnadh agaibh.

♦ ✓ ùine a chuireas sibh seachad ann an seachdain àbhaisteach.

- ☐ Cha bhi
- ☐ Bidh, 1-19 uairean a thìde san t-seachdain
- ☐ Bidh, 20-49 uairean a thìde san t-seachdain
- ☐ Bidh, 50+ uairean a thìde san t-seachdain

**18 Ma tha sibh eadar 16 agus 74**

► theirigibh gu **19**

**Ma tha sibh 15 neo nas òige neo 75 agus nas aosda**

► theirigibh gu **35**

**19 An t-seachdain seo chaidh, an robh sibh ag obair idir:**

- **airson fasdaidhear,**
- **air bhur ceann fhèin/neo-cheangailte,**
- **sa' ghnìomhachas agaibh fhèin neo aig an teaghlach agaibh,**
- **air sgeama treanaidh a tha a' faighinn taic Riaghaltais?**

♦ ✓'Bha' nan robh sibh air falbh bhon obair neo tinn, air fòrladh màthaireachd, air laithean-saora neo air do phàigheadh dheth airson greis.

♦ ✓'Bha' airson obair phàighte sam bith, a'gabhail a-steach obair thuiteamach neo sealach, fiùs nan robh e dìreach airson uair a thìde a-mhàin.

♦ ✓'Bha' ma rinn sibh obair phàighte neo obair gun phàigheadh anns a'ghnìomhachas agaibh fhèin neo aig an teaghlach agaibh.

- ☐ Bha ► Theirigibh gu **25**
- ☐ Cha robh ► Theirigibh gu **20**

**20 An robh sibh a' dèanamh oidheirp ri obair phàighte a lorg sna ceithir seachdainean seo chaidh?**

- ☐ Bha ☐ Cha robh

**Tionndaidhibh an duilleag**

# Pearsa 1 – *ri leantainn*

**21** Nan robh sibh air obair a lorg, am b'urrainn dhuibh a bhith air tòiseachadh taobh a-staigh dà sheachdain?

- ☐ B'urrainn
- ☐ Cha b'urrainn

**22** An t-seachdain seo chaidh an robh sibh a' feitheamh ri obair ùr a thòiseachadh?

- ☐ Bha
- ☐ Cha robh

**23 An t-seachdain seo chaidh an robh sibh aon de na rudan a leanas?**

♦ *✓ a h-uile bocsa freagarrach.*

- ☐ Air an dreuchd a leigeil dheth
- ☐ Nur n-oileanach
- ☐ A'coimhead as dèidh dachaigh/teaghlaich
- ☐ Tinn/ciurramach fad na tìde
- ☐ Cha robh mi gin de na rudan seo

**24 An d'rinn sibh obair riamh?**

- ☐ Rinn, *sgrìobhaibh a' bhliadhna mu dheireadh a bha sibh ag obairrked* ☐☐☐☐
  ► Theirigibh gu **25**
- ☐ Cha d'rinn mi obair riamh
  ► Theirigibh gu **34**

**25** Freagraibh na ceistean air fhàgail airson a'*phrìomh* obair a bha thu a' dèanamh an t-seachdain seo chaidh neo mura robh sibh ag obair an t-seachdain seo chaidh airson a' *phrìomh* obair mu dheireadh a bh'agaibh.

♦ 'S e a' *phrìomh* obair an obair far am bi sibh ag obair a' mhòr-chuid den tìde.

**26 A bheil (robh) sibh gar fasdadh neo a bheil (robh) sibh ag obair air bhur ceann fhèin?**

- ☐ Gam fhasdadh
- ☐ Air mo cheann fhèin le luchd-obrach fodhaim
- ☐ Air mo cheann fhèin/neo-cheangailte gun luchd-obrach fodhaim

**27 A bheil (robh) sibh a' stiùireadh luchd-obrach eile?**

♦ Bidh neach-stiùiridh neo foreman a' cumail sùil air obair luchd-obrach eile bho latha gu latha.

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil

**28 Cia mheud duine a bhios (bha) ag obair airson an fhasdaidhear agaibh aig an aon àite far a bheil (robh) sibh fhèin?**

♦ Ma tha (bha) sibh ag obair air bhur ceann fhèin tiocaibh ✓ a shealltainn cia mheud duine a tha (bha) ag obair agaibh, gur cunntadh fhèin cuideachd.

- ☐ 1–9
- ☐ 10–24
- ☐ 25–499
- ☐ 500 neo barrachd

**29 Cia mheud uair a thìde (chun na h-uarach làn as fhaisge) a bhios (bha) sibh ag obair anns *a'phrìomh* obair agaibh san t-seachdain?**

♦ Tomhais an àireamh ghnàthach airson seachdain thar nan ceithir seachdainean seo chaidh.

Àireamh uairean gach seachdain ☐☐

**30 Dè an làn tiotal a th'air (bh'air) *a'phrìomh* obair agaibh?**

♦ Mar eisimpleir, TIDSEAR BUN-SGOILE, MEACANAIG CÀR, INNLEADAIR TEILEBHISEIN, COMHAIRLICHE- SHOCHAIREAN SÒISEALTA.

♦ Bu chòir do luchd-obrach anns an t-Seirbheis Shìobhalta agus Oifigearan Riaghaltais Ionadail sgrìobhadh tiotal na h-obrach an àite ìre obrach neo ìre turasdail.

**31 Innsibh na bhios (bha) sibh a'dèanamh anns *a'phrìomh* obair agaibh.**

**32 Dè an làn aimm a th'air a' bhuidhinn dha bheil (robh) sibh ag obair anns *a' phrìomh* obair agaibh?**

♦ Lìonaibh neo tiocaibh ✓ aon dhe na bocsaichean a leanas.

♦ Ma tha companaidh agaibh fhèin sgrìobhaibh sìos an t-ainm.

- ☐ Air mo cheann fhèin/neo-cheangailte
- ☐ Tha (Bha) mi ag obair do neach prìobhaideach

**33 Dè tha (bha) a' bhuidheann a dh'ainmich sibh gu h-àrd ann an Ceist 32 a' dèanamh?**

♦ Mar eisimpleir, A' DÈANAMH BHRÒGAN, A' CÀRADH CHARAICHEAN, FOGHLAM ÀRD-SGOILE.

♦ An t-Seirbheis Shìobhalta, Oifigearan an Riaghaltais Ionadail - innsibh dè an Roinn sa bheil (robh) sibh.

**34 Dè na teisteanasan seo a th' agaibh?**

♦ *✓ tiocaibh a h-uile bocsa freagarrach.*

- ☐ Ìre 'O', Ìre Choitcheann, Eadar-Mheadhonach 1, Eadar-Mheadhonach 2, GCSE, CSE, Àrd Theisteanas neo *a cho-ionnan*
- ☐ Àrd-Ìre, CSYS, Duais Buidhne Albannaich aig Àrd-Ìre, 'A' Level, 'AS' Level, Advanced Senior Certificate neo *a cho-ionnan*
- ☐ GSVQ/SVQ Ìre 1 neo 2, SCOTVEC/Module Teisteanas Nàiseanta, Ciad Diploma BTEC, City and Guilds Craft, Diploma RSA neo *a cho-ionnan*
- ☐ GSVQ/SVQ Ìre 3, ONC, OND, Diploma Nàiseanta SCOTVEC, City and Guilds Craft Adhartach, Diploma Adhartach RSA neo *a cho-ionnan*
- ☐ HNC/HND, SVQ Ìre 4 neo 5, Àrd Diploma RSA, neo *a cho-ionnan*
- ☐ A' Chiad Cheum Oilthigh, Ceum Oilthigh Adhartach
- ☐ Teisteanas Proifeiseanta (mar eisimpleir, teagasg, cùnntasachd)
- ☐ Chan eil gin dhiubh seo agam

**35 Mur eil ach aon duine san taigh, cuiribh bhur n-ainm ris an dearbhadh air a' chiad duilleig agus fàgaibh an còrr dhan a' cheisteachan falamh. Ma tha barrachd air aon duine theirigibh chun nan ceistean airson Pearsa 2.**

# Pearsa 2

- Seallaibh air ceann duilleige 3 a dh' fhaicinn ciamar a sgrìobhas neo a dh'atharraicheas sibh freagairtean. Cleachdaibh pinn dubh neo gorm.

**1** Dè an t-ainm a th'oirbh? (Pearsa 2 ann an Clàr 1)

Ciad ainm agus sloinneadh

**2** A bheil sibh fireann neo boireann?

☐ Fireann ☐ Boireann

**3** Cuin a rugadh sibh?

Latha | Mìos | Bliadhna

**4** Dè an suidheachadh pòsaidh s a bheil sibh (air 29 A' Ghiblein 2001)?

☐ Singilte (gun phòsadh a-riamh)
☐ Pòsda (a'chiad phòsadh)
☐ Ath-phòsda
☐ Dealaichte (ach fhathast pòsda)
☐ Pòsadh briste
☐ Banntrach

**5** An e sgoilear neo oileanach an-sàs an am foghlam làn-thìde a th'annaibh?

☐ Se ► Theirigibh gu **6**
☐ Chan e ► Theirigibh gu **7**

**6** Am bi sibh a' fuireach aig an t-seòladh air beulaibh a' cheisteachain seo rè teirm na sgoile/colaisde/oilthigh?

- Freagraibh seo ma thuirt sibh 'Se' ri Ceist 5.

☐ Bidh mi a' fuireach aig an t-seòladh air beulaibh a' cheisteachain seo rè teirm na sgoile/colaisde/oilthigh
► Theirigibh gu **7**

☐ Cha bhi, bidh mi a' fuireach ann an àite eile rè teirm na sgoile/colaisde/oilthigh
► Theirigibh gu **35**

**7** Thar na bliadhna a chaidh, an canadh sibh gun robh bhur slàinte, airson a' mhòr- chuid:

☐ Math? ☐ Meadhonach math?
☐ Bochd?

**8** A bheil sibh air a bhith a' fulang ùine mhòr bho thinneas, briseadh slàinte neo ciurramachd a tha a' cur bacaidh oirbh bho latha gu latha neo anns an obair agaibh?

- Gabhaibh a-steach duilgheadasan slàinte a tha a' tighinn le seann aois cuideachd.

☐ Tha ☐ Chan eil

**9** Dè an seòladh àbhaisteach a bha agaibh bliadhna air ais?

- Nan robh sibh nur sgoilear a' fuireach aig an sgoil neo nur n-oileanach bliadhna air ais, cuiribh sìos an seòladh far an robh sibh a' fuireach rè teirm na sgoile/colaisde/oilthigh.
- Airson leanabh a rugadh an dèidh 29 A'Ghiblein 2001, cuiribh tioc ✓ air 'Gun seòladh àbhaisteach bliadhna air ais.'

☐ An seòladh air beulaibh a' cheisteachain seo
☐ Gun seòladh àbhaisteach bliadhna air ais ☐ Same as Person 1
☐ Aite eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

Còd Puist

**10** Càite am bi sibh a' siubhal gu bhur prìomh àite-obrach neo cùrsa foghlaim (a'gabhail a-steach sgoil)?

- Innsibh an t-àite far a bheil sibh a' cur seachad an ùine as motha ag obair neo ag ionnsachadh.
- Ma bhios sibh a' dol gu depot, sgrìobhaibh seòladh an depot.

☐ Chan eil mi ag obair neo ann am foghlam an-dràsda ► Theirigibh gu **12**
☐ Ag obair neo ag ionnsachadh aig an taigh airson a'mhòr-chuid ► Theirigibh gu **12**
☐ Gun àite suidhichte
☐ Ag obair air crann-ola mara, *cleachdaibh an t-àite gu h-ìosal airson sgrìobhadh ainm an àite far am bi sibh a' dol airson an turas mara a dhèanamh, mar eisimpleir "OBAR DHEADHAINN"*
☐ An seòladh a leanas, *sgrìobhaibh an seo e*

Còd Puist

**11** Ciamar as àbhaist dhuibh siubhal gu bhur prìomh àite-obrach neo cùrsa foghlaim (a'gabhail a-steach sgoil)?

- ✓ *aon bhocsa a-mhàin.*
- ✓ am bocsa airson *an astar as fhaide* den t-slighe àbhaisteach agaibh don obair neo don àite-ionnsachaidh.

☐ Fo-thalamh, tube, metro neo rathad-iarainn aotrom
☐ Trèana
☐ Bus, minibus neo coidse (poblach neo prìobhaideach)
☐ Tacsi neo minicab
☐ A' draibheadh càr neo bhan
☐ Fear-aiseig ann an càr neo bhan
☐ Motair-rothair, scutair neo moped
☐ Rothair
☐ Air chois
☐ Dòigh eile

Tionndaidhibh an duilleag

# Pearsa 2 – *ri leantainn*

**12 Dè an dùthaich san do rugadh sibh?**

- ☐ Alba
- ☐ Sasainn
- ☐ A' Chuimrigh
- ☐ Eirinn-a-Tuath
- ☐ Ceann-a-Deas na h-Èireann
- ☐ Dùthaich eile, *sgrìobhaibh ainm na dùthcha an-diugh*

**13 Dè an creideamh, eaglais neo buidheann creidimh a bhios sibh a' leantainn?**

- ☐ Cha bhi gin
- ☐ Eaglais na h-Alba
- ☐ An Eaglais Chatlaigeach
- ☐ Eaglais Chriosdaidh eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*
- ☐ Budastach
- ☐ Hindeach
- ☐ Iùdhach
- ☐ Moslamach
- ☐ Sikh
- ☐ Creideamh eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**14 Dè an creideamh, eaglais neo buidheann creidimh san deach bhur togail?**

- ☐ Cha deach gin
- ☐ Eaglais na h-Alba
- ☐ An Eaglais Chatlaigeach
- ☐ Eaglais Chriosdaidh eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*
- ☐ Budastach
- ☐ Hindeach
- ☐ Iùdhach
- ☐ Moslamach
- ☐ Sikh
- ☐ Creideamh eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**15 Dè an cinneadh dom buin sibh?**

♦ Taghaibh aon bho A gu E, an sin cuiribh tioc ✓ sa' bhocsa fhreagarrach a shealltainn bun-stèidh a'chultair agaibh.

**A Geal**

- ☐ Albannach
- ☐ Breatannach eile
- ☐ Èireannach
- ☐ Bun-stèidh gheal eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**B Measgte**

- ☐ Bùn-stèidh mheasgte, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**C Aisianach, Aisianach Albannach neo Aisianach Breatannach**

- ☐ Innseanach
- ☐ Pacastànach
- ☐ Banglaideiseach
- ☐ Sìneach
- ☐ Aisianach eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**D Dubh, Albannach Dubh neo Breatannach Dubh**

- ☐ Caraibianach
- ☐ Aifreaganach
- ☐ Freumhan dubha eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**E Cinneadh eile**

- ☐ Freumhan sam bith eile, *sgrìobhaibh gu h-ìosal*

**16 An urrainn dhuibh Gàidhlig Albannach a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh neo a sgrìobhadh?**

♦ *✓ a h-uile bocsa freagarrach.*

- ☐ Tuigsinn Gàidhlig air a labhairt
- ☐ Bruidhinn Gàidhlig
- ☐ Leughadh Gàidhlig
- ☐ Sgrìobhadh Gàidhlig
- ☐ Chan urrainn

**17 Am bi sibh a' coimhead as dèidh neo a' toirt taic do chàirdean, caraidean, nàbaidhean neo duine sam bith eile air sgàth:**

- gu bheil iad air a bhith tinn neo ciurramach sa' chorp neo san inntinn ùine mhòr
- duilgheadasan a' buntainn ri seann aois?

♦ Na dèanaibh iomradh air càil a tha sibh a' dèanamh mar phàirt den chosnadh agaibh.

♦ ✓ ùine a chuireas sibh seachad ann an seachdain àbhaisteach.

- ☐ Cha bhi
- ☐ Bidh, 1-19 uairean a thìde san t-seachdain
- ☐ Bidh, 20-49 uairean a thìde san t-seachdain
- ☐ Bidh, 50+ uairean a thìde san t-seachdain

**18 Ma tha sibh eadar 16 agus 74**

► theirigibh gu **19**

**Ma tha sibh 15 neo nas òige neo 75 agus nas aosda**

► theirigibh gu **35**

**19 An t-seachdain seo chaidh, an robh sibh ag obair idir:**

- **airson fasdaidhear,**
- **air bhur ceann fhèin/neo-cheangailte,**
- **sa' ghnìomhachas agaibh fhèin neo aig an teaghlach agaibh,**
- **air sgeama treanaidh a tha a' faighinn taic Riaghaltais?**

♦ ✓'Bha' nan robh sibh air falbh bhon obair neo tinn, air fòrladh màthaireachd, air laithean-saora neo air do phàigheadh dheth airson greis.

♦ ✓'Bha' airson obair phàighte sam bith, a'gabhail a-steach obair thuiteamach neo sealach, fiùs nan robh e dìreach airson uair a thìde a-mhàin.

♦ ✓'Bha' ma rinn sibh obair phàighte neo obair gun phàigheadh anns a'ghnìomhachas agaibh fhèin neo aig an teaghlach agaibh.

- ☐ Bha ► Theirigibh gu **25**
- ☐ Cha robh ► Theirigibh gu **20**

**20 An robh sibh a' dèanamh oidheirp ri obair phàighte a lorg sna ceithir seachdainean seo chaidh?**

- ☐ Bha
- ☐ Cha robh

# Pearsa 2 – *ri leantainn*

**21** Nan robh sibh air obair a lorg, am b'urrainn dhuibh a bhith air tòiseachadh taobh a-staigh dà sheachdain?

☐ B'urrainn ☐ Cha b'urrainn

**22** An t-seachdain seo chaidh an robh sibh a' feitheamh ri obair ùr a thòiseachadh?

☐ Bha ☐ Cha robh

**23 An t-seachdain seo chaidh an robh sibh aon de na rudan a leanas?**

♦ *✓ a h-uile bocsa freagarrach.*

☐ Air an dreuchd a leigeil dheth
☐ Nur n-oileanach
☐ A'coimhead as dèidh dachaigh/teaghlaich
☐ Tinn/ciurramach fad na tìde
☐ Cha robh mi gin de na rudan seo

**24 An d'rinn sibh obair riamh?**

☐ Rinn, *sgrìobhaibh a' bhliadhna mu dheireadh a bha sibh ag obairrked* ☐☐☐☐

► Theirigibh gu **25**

☐ Cha d'rinn mi obair riamh

► Theirigibh gu **34**

**25** Freagraibh na ceistean air fhàgail airson a'*phrìomh* obair a bha thu a' dèanamh an t-seachdain seo chaidh neo mura robh sibh ag obair an t-seachdain seo chaidh airson a' *phrìomh* obair mu dheireadh a bh'agaibh.

